Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis

Diardaoin 8 Dùbhlachd 2011 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis aig 2f, Diardaoin 8 Dùbhlachd 2011

Clàr Chùisean

4.2011.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Fàilte air buill ùr a' Bhùird agus taghadh Luchd Riaghlaidh a' Bhùird	Airson Aontachaidh
(d)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(e)	Cùisean a' togail ceann	
(f)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

4.2011.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròg ram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2011 agus 2012	Airson Fiosrachaidh
(c)	Pròiseactan Dràma 2011-12: Fiosrachadh às ùire	Airson Fiosrachaidh
(d)	Taisbeanadh mu Thachartas Còmhnaidh ann an Gàidhlig	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2011.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2011-12	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c)	Tabhartasan nam Fèisean 2011-12	Airson Fiosrachaidh
(d)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2011	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e)	Cùmhnant le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2012-15	Aithris airson Fiosrachaidh

4.2011.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	A' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig: Cùrsaichean Trèanaidh	Aithris airson Fiosrachaidh

4.2011.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2011.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh agus coinneamhan eile	Airson Aontachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Hydro Dhùn Bhlàthain bho 2.00f air Diahaoine 23 An t-Sultain 2011

3.2011.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Fiona NicIain, Bernard Bell, Derek MacIllInnein, Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dougie Beck (an làthair – eadar-theangachadh); Aonghas MacLeòid (an làthair – eadar-theangachadh).

(b) Leisgeulan

Claire Bee, Katag NicNèill, Màiri Oakley, Seònaid NicDhòmhnaill, An Comhairliche Agnes Rennie (CnES), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE), Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 26 An Cèitean 2011 a sgaoileadh. Mhol Fiona NicIain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Magaidh Chamshron a' cur a taic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

Dhearbh Art MacCarmaig gun robh am Poileasaidh Luchd Saor-thoileach deiseil a-nis agus ri fhaotainn air ar Làrach-lìn.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 31 An Lùnsastal 2011 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

3.2011.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha pròram ùr ann stèidhichte air cùmhnantan le HIE, Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail airson 2011-12.

Bha adhartas math ann a thaobh a' mhòr-chuid de amasan. A thaobh na feadhna a bha fhathast dearg, bhathar a' feitheamh ri buidhnean eile na dleastanasan aca a choileanadh agus sin as coireach nach robh adhartas ann.

Bhruidhinn Art MacCarmaig mu dheidhinn pròiseact no dhà:

Bha Sgoil Shamhraidh 2011 air leth soirbheachail le 24 a' gabhail pàirt innte. Mar phàirt de chuirm dheireannach a chaidh a chumail an co-bhuinn ri Fèis Alba bha oidhche de cheòl is dràma ann a chòrd ris an t-sluagh mhòr a bha san èisteachd. Bha MG Alba a' deasachadh DVD a dheigheadh a chur air "YouTube" gus am faiceadh daoine e. Tha planaichean airson SS2012 gan ullachadh mu thràth.

A thaobh Òrain Ghàidhlig ùra, chaidh beagan obrach a dhèanamh air sin aig Fèis Alba. Bhruidhinn Art MacCarmaig ri daoine eile mun phròiseact oir feumar a thoirt gu buil ro dheireadh a' Mhàirt agus bhathar an dòchas gum biodh adhartas ann a dh'aithghearr.

(b) Fèis Bhlais 2011

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig. Bha Fèis Bhlais na bliadhna-sa air leth soirbheachail. Ged nach robh figearan oifigeil ann fhathast a thaobh co mheud duine a bha an làthair aig an fhèis, bha dùil ann gum biodh iad nas àirde na an-uiridh. Bhiodh làn-fhiosrachadh mun bhuidseat, àireamhan luchd-èisteachd msaa ri fhaotainn ro dheireadh na Dàmhair.

Bha grunn thachartasan sònraichte math ann, nam measg bha "Heisgeir" le Julie Fowlis, "Hallaig" a chuir ceòl ri bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain; diofar Chèilidhean Eileanach gus bratach Eileanan na h-Alba a thogail an-àirde; Lochaber Gold; agus Cuirm Mhòr Bhlais ann an Eden Court. Shoirbhich gu mòr leis a' cheangal a chaidh a dhèanamh ri Comann na Camanachd agus chluich Còmhlain bhon na Cèilidhean air Chuairt aig Cuairt-dheireannach Cupa na Camanachd.

Bha BBC Alba a' filmeadh aig an fhèis agus chaidh ceithir prògraman a dheasachadh agus bhathar a' dol a thòiseachadh gan craoladh air 15 Dàmhair.

Chòrd na tachartasan aig an robh iad an làthair ri Buill a' Bhùird agus bha iad air an dòigh leis mar a chaidh dhan fhèis.

(c) Pròiseactan Dràma 2011-12: Fiosrachadh ùr

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh anns an robh clàr-ama ag innse dè na pròiseactan dràma a bhite gan cur air adhart sna Sgoiltean sna mìosan a leanas, nam measg bha:

- Bha Dougie Beck ag obair còmhla ri ochd Sgoiltean Beurla agus e a' cumail sia bùthan-obrach dràma leis gach tè.
- Tha Aonghas MacLeòid ag obair còmhla ri sgoiltean Gàidhlig san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse agus e a' cumail ochd bùthan-obrach thairis air na mìosan a tha romhainn gus piseach a thoirt air na sgilean dràma aca agus msaa.
- Thèid Debbie NicAoidh fhastadh gus bùthan-obrach den aon seòrsa a chumail ann an sgoiltean Gàidhlig sna h-Eileanan Siar bho seo chun na Càisge.
- Thèid cuairt cola-deug a chumail le Meanbh-Chuileag sna sgoiltean Beurla ann an Siorrachd Pheairt is Earra-Ghàidheal san t-Samhain.
- Thathar ag amas air cuairt MC eile a chumail an co-bhuinn ri Ionad Chùil Lodair as t-Earrach.
- Bhiodh am Panto Gàidhlig air chuairt a-rithist san Dùbhlachd.
- Bha Aonghas MacLeòid ag obair air sgriobt airson na cuairt timcheall nan sgoiltean Gàidhlig sa Ghearran. Tha an dealbh-chluich stèidhichte air aon de na sgeulachdan goirid a tha ann an leabhar a bhios Stòrlann a' foillseachadh. Bidh Pasgan Luchd-teagaisg ann cuideachd agus tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' cuideachadh le sin. Thathar cuideachd a' deasachadh pasgan do thidsearan mu bhith sgrìobhadh dhealbhan-cluiche sa Ghàidhlig, a' riochdachadh dhealbhan-cluiche agus msaa.
- Thathar a' dol a stèidheachadh club dràma às dèidh na sgoile ann an Loch Abar a thòisicheas san Dàmhair. Thathar an dùil clubaichean den aon seòrsa a thòiseachadh ann am Port Rìgh, Ulapul, Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.

Tha Buill a' Bhùird air leth toilichte leis an obair a bha ga dèanamh a thaobh dràma agus air am misneachadh.

Cuideachd chaidh bruidhinn air mar a dh'fhaodamaid tairgse a chur a-steach gus cuideachadh le bhith lìbhrigeadh GLPS sna sgoiltean agus thathar a' dol a dhèanamh tuilleadh rannsachaidh air a' chùis.

(d) Dearbhadh air Taic bho Alba Chruthachail 2012-15

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire do Bhuill a' Bhùird mu mar a chaidh dhan ath-sgrùdadh a rinn Alba Chruthachail air Buidhnean Stèidhichte.

Thuirt Vena Dhupa, Stiùiriche Leasachaidh Cruthachail aig Alba Chruthachail, gun do

shoirbhich le Fèisean nan Gàidheal ann a bhith a' gleidheadh ar n-inbhe mar Bhuidhinn Stèidhichte agus gheibh sinn £100,000 a bharrachd gach bliadhna bhon Ghiblean 2012 – Am Màrt 2015 airson Sgeama Thabhartasan nam Fèisean, agus sin a' ciallachadh nach fheumamaid cur a-steach airson na suime sin gach bliadhna.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh agus bha iad toilichte leis mar a chaidh dhuinn. Thug iad taing do dh'Art MacCarmaig airson a obrach gus an inbhe Stèidhichte a ghleidheadh.

(e) Taic Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean 2012-15

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire do Bhuill a' Bhùird mu na còmhraidhean le HIE a thaobh maoineachadh bhon 2012, agus na cois bha lethbhreac den tairgse a chuir Art a-steach gu HIE a' cur an cèill ar planaichean airson 2012-15 agus cuid de na suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh a' bhuidseit, a dheasaich Anne, agus a bha stèidhichte air nas lugha taic mar a dh'iarr HIE.

Tha còmhraidhean le HIE a' leantainn agus gheibh sinn co-dhùnadh tràth ann an 2012, ach chaidh diofar shuidheachaidhean a shealltainn dhaibh nam measg dè dh'fhaodadh tachairt nam biodh barrachd taic ann.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh.

3.2011.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2011-12

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2012, agus a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 31 An Lùnastal 2011.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £965.16
- Cunntas Àrd-rèidh: £284,627.96
- Cunntas Bhlais: £11,033.00

(c) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011/12

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011-12, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 An Lùnastal 2011.

Chaidh tabhartasan airson Fèisean a chaidh a chumail rè an t-samhraidh a phàigheadh a-mach.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(d) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 Ògmhios 2011

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 Ògmhios 2011, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(e) Cunntasan Sgrùdaichte gu 31 Màrt 2011

Chaidh na Cunntasan Sgrùdaichte gu 31 Màrt 2011 a dheasaich Mann Judd Gordon a sgaoileadh.

Ghabh Bernard Bell riutha agus thug Fiona NicIain taic dha agus bhathar a' dol gan cur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail.

(f) **Ath-fhastadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh airson 2011-12**
Chaidh aontachadh Mann Judd Gordon fhastadh a-rithist mar luchd-sgrùdaidh às dèidh dhuinn tuairmse fhaighinn bhuapa airson cosgais na seirbheis rè na h-ath-bhliadhna.

3.2011.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) **Cur an Gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig: Am fiosrachadh as ùire mun Phlana Ghnìomh**
Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun deach litrichean a chur gu luchd-teagaisg nam Fèisean o chionn ghoirid ag innse dhaibh mu na cùrsaichean Gàidhlig a bha rim faotainn, ag iarraidh orra innse dhuinn dè na cùrsaichean a tha dhìth orra, a' faighneachd dè cho fileanta agus a bha iad agus msaa.

Fhuaras cuid a fhreagairtean mu thràth agus tha feadhainn den luchd-teagaisg air tòiseachadh air diofar chùrsaichean (nam measg bha cùrsaichean luchd-teagaisg airson Ùlpan). Bhathar fhathast a' feitheamh ri freagairtean bho chàch.

Bidh cothrom aig luchd-teagaisg gun sgath Gàidhlig a dhol an sàs ann an Làithean Bun-oideachaidh far an ionnsaich iad faclan, abairtean agus nithean eile a bhios feumail dhaibh nuair a tha iad a' teagasg clas.

'S e an t-amas gum bi comas air choireigin sa Ghàidhlig aig a h-uile neach-teagaisg leis a' bhliadhna 2012 agus gun cleachd iad sin nuair a tha iad a' teagasg.

Tha Calum Ailig agus Dougie Beck gu bhith a' dèanamh taisbeanadh airson riochdairean nam Fèisean aig a' Cho-labhairt air 24 Sultain agus iad ag innse dhaibh mu dè tha a' tachairt agus bidh iad a' sireadh beachd air cùisean.

Feumaidh gach Fèis Plana Gàidhlig a dheasachadh stèidhichte air Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal agus feumaidh iad innse ciamar a tha iad a' dol ga chur an gnìomh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don adhartas.

(b) **A' taghadh Buill a' Bhùird**
Chaidh pàipear a sgaoileadh le Art MacCarmaig le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu mar a thèid buill ùra a thaghadh airson Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.

Mar a tha cùisean ag obair an-dràsta bha còir aig na Buill a leanas am Bòrd fhàgail às dèidh taghadh san Dàmhair: Catrìona Nic an t-Saoir, Magaidh Chamshron, Derek MacIllInnein, Katag NicNèill, Màiri Oakley agus Claire Bee.

Chaidh aontachadh nan cailleamaid sianar bhall bhon Bhòrd aig an aon àm gun cailleamaid sgilean feumail agus mar sin chaidh aontachadh gum cumadh Catrìona Nic an t-Saoir agus Magaidh Chamshron orra nan dreuchdan airson bliadhna eile agus gum fàgadh na buill eile san Dàmhair.

Dheigheadh taghadh, a rèir ar Dòighean-obrach gus Buill a' Bhùird a Thaghadh, a chumail gus còignear bhall ùra a thaghadh – 2 bho Roinn na Gàidhealtachd, 1 bho "sgìrean eile" agus 2 bho na h-Eileanan Siar (aonan gus a dhol an àite Katag agus aonan eile gus a dhol na dhreuchd a bha fhathast bàn bhon taghadh mu dheireadh).

3.2011.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) **Aithisgean Adhartais Luchd-obrach**
Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

Chaidh trèanadh a lìbhrigeadh a thaobh togail airgid mar phàirt den Trèanadh gus a bhith Seasmachd a rinn luchd-obrach o chionn ghoirid. Tha Fèisean a' coimhead air togail airgid

mar phàirt gu math cudromach den obair aca agus dheigheadh aig Oifigearan Leasachaidh Fèisean a chuideachadh le sin.

(b) Aithisg Bhliadhnail 2011

Chaidh lethbhreac den Aithisg Bhliadhnail a sgaoileadh.

Chòrd an dreach ùr a bh' air an aithisg ri Buill a' Bhùird, bha i nas giorra agus nas dathte.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu obair Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean sna Cuairt-litrichean ràitheil againn agus air an làrach-lìn ùr againn.

Ghabh am Bòrd ri Aithisg Bhliadhnail 2011.

(c) Pròram airson na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt Bliadhail

Chaidh lethbhreac den phròram airson na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt a sgaoileadh agus chaidh an aontachadh leis a' Bhòrd.

3.2011.06 EILE

(a) Ceann-latha an ath choinneimh

Dheigheadh an ath Choinneamh den Bhòrd Stiùiridh a chumail ann an Inbhir Nis air 8 Dùbhlachd (fhathast ri dhearbhadh dè ann togalach anns an tèid a chumail). 'S e seo a' chiad turas a bhios am Bòrd ùr a' coinneachadh.

(b) Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d.

(c) Pàipearan a' Bhùird

Thuirt Art MacCarmaig gun robh e air a bhith a' coimhead air a' chosgais a bha an lùib a bhith a' sgaoileadh Pàipearan a' Bhùird air pàipear. Le bhith a' clò-bhualadh, a' ceangal agus a' postadh Pàipearan a' Bhùird bha cosgais faisg air £2k ann gach bliadhna.

Chaidh a mholadh gum faodadh Fèisean nan Gàidheal iPads a thoirt do Bhuill a' Bhùird is luchd-obrach a bha a' dol gu Coinneamhan a' Bhùird. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh pàipearan gan sgaoileadh gu eileagtronaigeach bho sheo a-mach, agus san dòigh sin a-mhàin. Thairis air trì bliadhna bhiodh sin na bu shaora na bhith a' sgaoileadh lethbhreacan pàipeir.

Ghabh Buill a' Bhùird ris a' mholadh seo ann am prionnsabal agus dhèanadh luchd-obrach tuilleadh rannsachaidh mu dheidhinn.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Tuesday 22 November 2011 from 2.00 pm via telephone conference

EX4.2011.11 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer).

(b) Apologies

No apologies received.

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 31 August 2011 had been circulated and were approved.

(d) Matters arising

Cèilidh Trails – Anne and Nicola have been working on the LEADER claims for Highland and Argyll areas.

Gaelic Awareness Campaign – this was now up and running following its launch at our Conference. The Development Officers now have banners, leaflets, phrase cards etc for use at any events taking place in their areas.

EX4.2011.02 PROJECT UPDATES

(a) Annual Meetings with Fèisean (verbal – Calum Alex)

Calum Alex advised that Development Officers were meeting with their Fèisean to help them complete their 2011/12 grant application forms and also to produce individual, detailed Gaelic Plans. These meetings were ongoing and it was hoped to have most of them completed by the end of the year.

Fèis Ghleann Albainn had indicated that they feel they cannot fulfil the requirements of our Gaelic Policy so may not renew their membership. Calum Alex is going to contact them again to offer any support we can in this matter – but would also advise that if they cannot comply with our Policy then we will no longer be able to grant-aid them.

(b) Blas Festival 2011 (circulated – Arthur)

Arthur had circulated a copy of the Director's Report prepared by Donna MacRae. Blas 2011 had been successful and the box office takings were up on last year as were the audience figures.

Arthur is going to bring a fuller report, with budget details, to the Board in December.

(c) YMI (verbal – Arthur)

YMI tutoring continues to take place throughout the Highlands. A new whistle resource was being finalised and would be available to schools and tutors shortly.

A DVD of Highland YMI work was currently being progressed – this would include recordings of the Traditional YMI tutoring we provide as well as the tutoring provided by the Highland Council. The DVD would be useful for promotional purposes for Fèisean nan Gàidheal.

(d) Residential Event (verbal – Calum Alex)

Calum Alex reported that the residential event will take place from 9-13 April and will be based in Gearrannan, Carloway, Isle of Lewis. It will be open to High School aged children and will be provided entirely through the medium of Gaelic. It is hoped to have 15-20 participants who will take part in various activities such as crofting, fishing, cooking, art, peat cutting, music and song. The aim being to give them a range of

experiences and enhance their Gaelic vocabulary.

It is intended to advertise the week in High Schools before Christmas. Funding for the event is coming through Bòrd na Gàidhlig and a more detailed programme for the week would be brought before the Board Meeting in December.

(e) Gaelic Language Training (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported that he and Iona were currently working on a one day workshop for tutors aimed at increasing Gaelic usage in Fèis classes. Iona is preparing Gaelic cards with details of musical phrases, instrument parts etc.

DJ MacIntyre of CLI had indicated their willingness to offer a similar workshop to tutors in the central belt area and Cathy MacGillivray could help deliver it in the Nairn area.

Other tutors are currently undertaking Ùlpan training and Courses via Sabhal Mor Ostaig.

Fèis Rois have recently produced a book which has three main sections:
- General Gaelic language phrases that will be useful at any Fèis event;
- Specific Gaelic language phrases that are relevant to each musical instruments or subject area taught at a Fèis;
- Gaelic tunes and songs that will provide a shared repertoire amongst tutors and participants.

The book also contains two CDs – the first taking you through all the Gaelic languages phrases and the second lets you hear each of the tunes printed in the book played through slowly on a fiddle.

It is an excellent resource which will be useful for both tutors and participants. The books will be available for sale via Fèis Rois.

Arthur is going to look into purchasing a copy for each of our Fèisean.

Another idea we have is to produce a pocket sized phrase card specifically for tutors and others specifically for the children attending Fèisean. The info contained in the phrase cards would also be available on our website as audio files.

Members were pleased to hear about all the progress with the promotion of Gaelic and the resources available.

(f) Gaelic Drama (verbal – Calum Alex)
Dougie is currently working with English medium schools whilst Angus has a project with Gaelic medium schools in Skye. Debbie MacKay has now started working with Gaelic medium schools in Uist. They are also going to be working with Stòrlann in the coming months.

Angus recently did a drama project with schools in Kintyre and Arran and they really enjoyed it and are keen to do more.

Panto rehearsals start shortly and the tour will take place from 12-16 December. Dougie is putting together a list of Panto dates/venues etc and a copy of this would be sent to Board Members.

Dougie would also give details of where the drama team were going to be and when so that if anyone wanted to meet up with them, or attend any of their workshops etc they could.

EX4.2011.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Income and Expenditure 2011-12 (circulated - Anne)
A report on Income and Expenditure for 2011-12 had been circulated.

A detailed budget would be put before the Board in December.

(b) Management Accounts to 30 September (circulated - Anne)
The management accounts to 30 September prepared by Mann Judd had been circulated.

It was noted that the Blas budget was showing a loss but this was because the Scottish Islands funding, and other funding, had still to be received.

Anne is going to be completing the OSCAR return shortly.

(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £10,444.87 in the Current account
- £105,686.39 in the High Interest account
- £1,400.34 in the Blas account
- £100,000 on deposit which will mature on 8 February

(d) Grants to Fèisean 2011-12 (circulated - Anne)
A report showing the grants awarded to Fèisean (and those paid out to date) had been circulated.
There was a slow uptake of the grants awarded for Annualised Hours and this would be investigated.

(e) Scots Trad Music Awards 2011 (verbal – Arthur)
It was confirmed that Fèisean nan Gàidheal would once again be sponsoring the Hall of Fame this year at The Trad Awards which take place on 3 December. Maggie, Fiona and Catriona expressed an interest in attending and Arthur would organise tickets for them and advise them of the details.

EX4.2011.04 STAFFING ISSUES
(a) Staff Training (verbal – Calum Alex)
Calum Alex brought the group up-to-date on staff training which has taken place recently in the form of a Gaelic day with Gilleasbuig Ferguson and joint training with Fèis Rois on Creativity and Influencing.

Maria is currently doing a SMO Course in Gaelic Grammar etc, Moreen is continuing with her Ùlpan course and Nicola is undertaking Level II of the Sign Language Course.

(b) Appraisals (Verbal – Arthur)
Arthur advised that staff appraisals would be taking place over the next few weeks.

Calum Alex and Anne would be doing the appraisals for the staff they are responsible for; Arthur would do Calum Alex and Anne's appraisals; Catriona and another Board Member would then do Arthur's appraisal.

It was hoped to have the majority of the appraisals completed before Christmas.

EX4.2011.05 DEVELOPMENT ISSUES
(a) Bid to HIE 2012-15 (verbal - Arthur)
Arthur had submitted a paper to HIE outlining Fèisean nan Gàidheal's future plans based in HIE's priorities etc. with a view to securing continued financial support for Fèisean nan Gàidheal from 2012-15.

It is intended that the paper will go before the HIE Management Group in December.

Anne-Marie Reid of HIE hopes to attend out Board Meeting in December to give an update on the situation.

(b) Year of Creative Scotland (verbal – Arthur)
The Year of Creative Scotland in 2012 will celebrate and promote Scotland's cultural and creative vibrancy. Possible Project Funding is available from Creative Scotland for projects throughout Scotland.

Fèisean nan Gàidheal are looking into applying for funding for Blas and other projects. There are also opportunities for Fèisean to get funding and get involved.

Further information on the schemes would be issued to Fèisean.

(c) NPLD Conference (verbal –Arthur)
Arthur had recently attended and given a presentation to the NPLD (Network for the Promotion of Linguistic Diversity) Conference in Donegal, Ireland. He had found it really useful and interesting to hear about the work going on in other countries/areas to keep their languages alive and thriving.

Further information on NPLD can be found on their website (www.NPLD.eu) or on their Facebook page.

EX4.2011.06 BOARD MEETINGS
(a) Board Election Results (circulated – Arthur)
A report detailing the results of the recent call for nominations for the Fèisean nan Gàidheal Board of Directors had been circulated.

Five new members had now been confirmed:

Western Isles:
Uisdean Robertson (Fèis Tìr and Eòrna)
Peggy MacLennan (Fèis Eilean an Fhraoich)

Highland:
Norma Gunn (Fèis Mhoireibh)
Duncan MacQuarrie (Fèis Rois)

Other areas:
Elaine Spence (Fèis Lannraig a Tuath)

The new Board would have its first meeting in the Kingsmills Hotel on 8 December at 2.00 pm. An induction session for new members would take place earlier in the morning.

Arthur had written to the members who were now leaving our Board thanking them for their contributions over the years and inviting them to join us for lunch on 8 December, and to attend the meeting if they wish.

(b) Agenda items for forthcoming Board meeting
As well as the usual Agenda items there would be:

- Appointment of Office Bearers
- A report by Calum Alex on the Gaelic residential event
- A report by Arthur on Blas
- A proposed programme of staff presentations
- Suggested dates for Board Meetings for 2012

EX4.2011.07 GENERAL
(a) AOCB (verbal)
No other items of business were raised.

(b) Date and venue of next meeting
The date of the next Executive Group meeting will be decided on the date of the Board Meeting has been confirmed.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2011.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1	Seirbheisean	A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Bidh sinn a' toirt taic ri 45 Fèisean ann an 2011-12 agus, ged a tha sgioba nas lugha againn, bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre. An-uiridh dh'ùraich sinn poileasaidhean na buidhne airson deagh stiùireadh agus modhan-obrach a bhrosnachadh, agus bidh gan sgrùdadh gu cunbhalach.	**U**
			A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne (AC)		
			Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)	Chaidh plana gu Bòrd na Gàidhlig air mar a ghabhadh seo a choileanadh.	**U**
1.2	Luchd-obrach	Ceannard/ Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.2 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**

			£23,393 air a chleachdadh airson taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh agus cosgaisean ruith Fèisean nan Gàidheal (CnG)	An dèidh airgead a thoirt do na Fèisean, tha an còrr a tha air fhàgail bho Chomhairle na Gàidhealtachd air a chosg air a' bhuidhinn a ruith.	
		Manaidsear Leasachaidh	Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)	Cha robh e comasach ach aon neach a thairgse dhuinn tron sgeama Greis Gnìomhachais. Chan eil sinn a' sùileachadh gun gabhadh taic a thoirt do chuideigin tron sgeama Luchd Ceumnachaidh ach tha dùil againn ri oileanach a bhith còmhla rinn airson 3 seachdainean sa Ghearran 2012.	U
		Ceannard/ Manaidsear Gnìomha	Poileasaidh pàighidh a dheasachadh airson airson 2011-12 agus air adhart, a tha a' toirt fa-near Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba (BnG)	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair taobh a-staigh riaghailtean na roinne phoblaich a tha gu math coltach ri Poileasaidh Pàighidh an riaghaltais.	U
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard/ Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnìomhachais	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann agus tabhartasan luach £217k air an gealltainn airson 2011-12 agus gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	U
			Taic a chumail ri co-dhiù 40 Fèis tro sgeama maoineachaidh agus comhairle phractaigeach (BnG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2011-12.	
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù 30 Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 37 Fèisean ann an sgìre InG, le 23 ann an sgìrean dùbhlanach.	U
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Tha sinn air tagraidhean fhaighinn son na sgeama seo.	U
			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha sinn mar thà air taic a thoirt do ghrunn phròiseactan le Fèis Arainn, Fèis Fhoirt, Fèis Spè agus Fèis Rois.	
		Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Tabhartasan taice do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 21 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd airson £119,191, le £25,634 bho mhaoin na comhairle.	U
			£24k air a roinn eadar 19 Fèisean (CnG)		
			Prògram ionnsachaidh loinneil ann an cèol traidiseanta a thabhann dhaibhsan a bhios ag iarraidh pàirt a ghabhail anns na Fèisean (CnG)	Tha sinn an dùil gur ann mar seo a bhios cùisean ach iarraidh sinn fiosrachadh bho chom-pàirteachan airson a dhaingneachadh.	U
			A' cumail an àireamh de dh'òigridh an-sàs anns na Fèisean agus ann an clasaichean aig co-dhiù 3,179 (CnG)	Tha sinn an dùil seo a choileanadh.	Ò
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	U
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	U
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Phrìomh Oifigear airson grunn Fhèisean. Feumaidh iad obrachadh gu math cruaidh airson dèanamh cinnteach gum biodh an dàimh seo soirbheachail.	U
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Bidh iad fo sgrùdadh gu cunbhalach agus chaidh Poileasaidh ùr son Saor-thoilich aontachadh leis	U

				a’ Bhòrd-Stiùiridh.	
				Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a’ Bhuidheann Riaghlaidh sùil air le aithisg bhliadhnail a’ dol mu choinneimh a’ Bhùird.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A’ leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2011-12 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a rinn feum dhiubh roimhe.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Trèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A’ Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A’ cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Bidh co-labhairt 2011 air a cumail ann an Sruighlea air 23 agus 24 Sultain far an robh mu 80 compàirtiche le Alasdair Allan BPA, Ministear airson Ionnsachadh agus Sgilean, air aoigheachd.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2011 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Gnothaichean	A’ toirt ionnstramaidean do dh’Fhèisean air iasad	A’ leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a’ mhòr-chuid den bhliadhna.	**U**
1.8	Teisteanasan Sgrùdaidh	Neach-tionail/ Manaidsear Gnìomha	Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG.	**U**
				Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile agus bidh siostam ùr ga chur an gnìomh bhon Ghiblean 2012 airson seo a shìmplicheadh agus ar cuideachadh ann a bhith a’ cumail sùil air cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig aig an aon àm.	
			A’ cumail oirnn a’ dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne taobh a-staigh an t-siostam ùr aig a’ bhuidheann Teisteanas Sgrùdaidh Alba (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG.	**U**
1.9	A’ cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Gnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Tha am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn air stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal.	**U**
1.10	A’ leasachadh, a’ sgaoileadh agus a’ reic stuthan-foillsichte	Oifigear Gnothaichean	A’ leantainn oirnn a’ dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a’ reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth air an làrach-lìn ùr aig http://www.feisean.org/ga/buth/index.php.	**U**
1.11	A’ cur ri chèile agus a’ sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Gnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh.	**U**

				Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)	Ghabh sinn ri iarrtas ballrachd bho Fèis an Iar Thuath agus tha Fèis Thròdairnis air ath-stèidheachadh, a dhà dhiubh sin ann an Sgìrean Dùbhlanach.	**U**
			Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)		
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeilich	Manaidsear Gnìomha/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar a bharrachd air seirbheisean iomchaidh a thoirt gu Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoin airson a' leigeil le Fèisean obrachadh còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh. Bha Fèis Rois agus Fèis Eilean an Fhraoich ag obair còmhla air bùithtean-obrach. Bha grunn Fhèisean ag obair còmhla aig Fèis Alba agus air na Cèilidhean air Chuairt.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Manaidsear Leasachaidh	A' toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha sinn an dùil gun gabhadh na h-àireamhan sin an coileanadh tro thrèanadh ann an Gàidhlig, trèanadh Ùlpan son luchd-teagaisg, Ìrean 1, 2 agus 3 airson luchd-teagaisg sa Ghearran 2012 agus Fèis Trèanaidh sa Mhàrt 2012.	**U**
				Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus bidh co-dhìu 3 seiseanan againn rè na bhliadhna. Bha dà latha trèanaidh ann còmhla ri luchd-obrach Fèis Rois san Lùnastal agus dà latha a bharrachd san Dàmhair.	**U**
				Tha seiseanan inntrigidh do neach-obrach ùr sam bith, agus gheibh buill ùr a' Bhùird seisean air thoiseach air a' chiad chonneamh aca.	
				Tha Moreen Pringle air a bhith air a' chùrsa Ùlpan nuair bhios e a' ruith.	
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, Leudachadh cothroman com-pàirteachaidh le buidhnean ealain agus buidhnean Gàidhlig eile, cho math ri buidhnean poblach, agus cumail a' dol co-obrachadh le buidhnean stèidhichte, a' gabhail a-steach Fòram Chiùil Traidiseanta na h-Alba. (AC).	Cumaidh sinn ar ballrachd air, agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Traidiseanta. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta ach cha do thachair cus mu deidhinn gu ruige seo.	**U**
				Tha sinn air taic a chumail ris a' bhuidhinn ealain ATLAS san Eilean Sgitheanach le goireasan oifis. Tha sinn a' toirt taic do dh'Iomairt Ghàidhlig an Eilean Sgitheanaich agus Comann nam Pàrant gu h-ionadail. Tha luchd-obrach eile a' toirt taic do na h-Iomairtean Gàidhlig far a bheil iad stèidhichte. Bidh Tobar an Dualchais le goireasan oifis ann an Inbhir Nis.	
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-	Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am buidheann stiùiridh	

			innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	nan Ealan Ghàidhlig, nuair a thèid iarraidh oirnn, agus a' frithealadh choinneamhan nam buidhnean Gàidhlig air an cur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig. Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' chùrsa air Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm. Bha an t-Oifigear Trèanaidh againn an-sàs airson aon theirm cuideachd.	
		An luchd-obrach	Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)	Tha sinn a' cumail taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha sinn air a bhith an-sàs ann am planaichean airson Iomairtean anns an Eilean Sgitheanach, ann an Loch Abar agus Inbhis Nis. Tha sinn a' cumail seisean Cofaidh is Còmhradh san oifis againn ann am Port Rìgh gach Dimàirt. Tha sinn air obrachadh còmhla ri Àrd-sgoil Phort Righ ann a bhith a' cruthachadh irisean dhaibh cho math ri meanbh-fhèis a chumail do na sgoilearan uile ann an S1 a tha a' dèanamh Gàidhlig aig deireadh Iuchar 2011.	**U**
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus thèid seo a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais san fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheireadh buaidh air ar n-obair, no far am faodadh buaidh a bhith againn air poileasaidh.	**U**
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean ann an obair eadar-nàiseanta mar Celtic Neighbours far a bheil com-pàirteachas againn le Èirinn agus a' Chuimrigh. (AC)	Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas. Tha ceanglaichean le Èireann tro thursan aig Fèisean agus Cuairtean Cèilidh. Bidh sinn an-sàs sa phròiseact Celtic Neighbours agus bidh còmhlan seinn na buidhne seo a' dol air chuairt ann an Lunnainn agus anns a' Chuimrigh sa Ghearran. Thug an Ceannard seachad taisbeanadh mu na Fèisean aig co-labhairt ann an Dùn nan Gall air a cur air dòigh le NPLD a bha a' coimhead ri òigridh a thàladh do mhion-chànanan tro na h-ealain.	**U**
1.19	Sanasachd is Margaideachd	Ceannard/ Oifigear Gnothaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Bidh tòrr sgeulachdan naidheachd a' nochdadh mu ar deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach. Bidh sinn a' dèanamh oidhirp barrachd sgeulachdan a chruthachadh mu phròiseactan sònraichte, m.e. Blas, Cèilidhean air Chuairt agus an Sgoil Shamhraidh Dhràma.	**U**
			A' lorg barrachd obair chom-pàirt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar	Bidh cuireadh air a thoirt do chompanaidhean a dh'fhaodadh taic a thoirt seachad uair sam bith a bhios tachartas freagarrach againn. Tha sinn a' còmhradh ri	**U**

			nam Fèisean a reic (AC).	Cal Mac agus RBS mu thaic urrasachd son Blas 2012.	
				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org ach tha cothroman ann barrachd a dhèanamh le seo.	Ò
			A' dèanamh cinnteach gm faigh Comhairle na Gàidhealtachd aithne ann an stuthan foillsichte sam bith agus gun tèid suaicheantas na Comhairle a chleachdadh air bileagan, postairean, brataichean, ann an sanasan naidheachd, làraich-lìn agus ann an teachdaireachdan aig bonn phost-d. (CnG)	Bidh suaicheantas na Comhairle, agus na suaicheantais aig Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh air gach nì a bhios sinn a' foillseachadh. Cumaidh seo a' dol.	U
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba aig mygaelic.com agus do Bhòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	U
1.20	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Gnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Làrach ùr beò aig www.feisean.org, www.blas-festival.com agus www.feisceilidhtrails.org.	U
				Chaidh prìomh làraich Fèisean nan Gàidheal ath chruthachadh agus a thoirt air falbh bho Sitekit airson airgead a shàbhaladh agus airson ùrachaidhean a dhèanamh na b' fhasa. Tha earrannan ùr air a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig.	
2	**LEASACHAIDHEAN ÙRA**				
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro lìbhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig. (AC)	Thathar a' cumail air a' cur planaichean Gàidhlig a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna, agus mar phàirt den choinneimh mheasaidh gach bliadhna, bruidhinnear mu chùisean Gàidhlig le gach Fèis. Bha seisean aig a' cho-labhairt bhliadhnail mu leudachadh cleachdadh na Gàidhlig aig na Fèisean agus feumaidh na Fèisean planaichean a ghabhadh coileanadh a chur ri chèile.	U
			A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)	Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois. Feumaidh Oifigearan Leasachaidh a-nise dèanamh cinnteach gun tèid a chur an gnìomh. Bheir an sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdaidh a bhrosnachadh.	U
			An àireamh chloinne a tha a' faighinn oideachadh ann an Gàidhlig àrdachadh bho 2,384. (CnG)	Tha sinn an dùil gan gabhadh na h-àireamhan seo a ruighinn mar a thèid am poileasaidh a chur an gnìomh.	Ò
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)	A' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnant den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh ach feumar prìomhachas a thoirt dhan Ghàidhlig.	U

Mar a mhìnich mi gu h-àrd, tha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G, agus a' deasachadh stuthan air a shon. As t-earrach am-bliadhna bha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G aig Fèis Lochabair, agus tha mi air stuthan ullachadh do Fhèis Mhoireibh, Fèis Inbhir Narann, Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile. Bidh mi a' sìor chumail sùil a-mach airson geamannan is rudan eile a dh'fhaodadh a bhith math airson a' phròiseict. Tha cuid de na geamaichean etc gan cleachdadh an-dràsta ann am bun-sgoiltean gus Gàidhlig a theagasg do sgoilearan. Tha an stòras de stuthan mar seo air leudachadh gu mòr o chionn ghoirid, agus tha mi an-dràsta a' feuchainn ri na nòtaichean, stuthan-teagaisg agus stuthan stiùiridh a chur ann an deagh òrdugh airson Fèisean 2012.

2.4 A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra.

Gu tric bidh mi an sàs ann a bhith a' deasachadh no a' lìbhrigeadh stuthan-taice Gàidhlig do Fhèisean ùra.

2.5 A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)

Tha ceithir Sgoiltean Samhraidh air a bhith ann bho ghabh FnG an iomairt thairis, agus bhon uair sin tha còrr is 70 òganach air feum a dhèanamh den t-seirbhis. Ann an 2011 chaidh an àireamh de chom-pàirtichean àrdachadh le 50%, agus a' mhòr-chuid dhiubh sin a' nochdadh gun tilleadh iad an ath-bhliadhna. 'S ann eadar 2 agus 14 Iuchar a bhios SSD2012 a' tachairt, agus bidh i a' gabhail àite ann am Port Rìgh. Bidh sinn a' toirt a-steach atharrachaidhean mòra a thaobh cruth chlasaichean agus an àireamh de luchd-teagaisg.

Tha Meanbh-chuileag gu bhith air an rathad ceithir tursan ron Chàisg an ath-bhliadhna: rinn sinn obair ann an Eilean Arainn agus Cinn Tìre o chionn ceala-deug (ged a bha sinn air obair-deasachaidh a dhèanamh mu choinneamh dealbh-cluiche, bha againn ri na planaichean againn atharrachadh aig a' mhionaid mu dheireadh air sgàth rudan pearsanta am fhìn; fhuair na sgoiltean a bha air a chur air dòigh mar-thà bùthan-obrach Gàidhlig an àite dealbh-cluiche. Tha an dealbh-cluiche a chaidh a sgrìobhadh airson a' phròiseict seo fhathast againn ge-tà agus faodaidh sinn a chleachdadh aig àm eile.) Tha sinn an-dràsta fhèin ag ullachadh a' phanto ùr againn – Flòraidh agus Oidhche nam Bannag. Bidh seo air an rathad air Ghàidhealtachd seachdain 12 Dùbhlachd. Bidh sinn cuideachd air an rathad airson 4 no 5 seachdainean bhon Fhaoilleach air adhart le dealbh-cluiche Gàidhlig a bhios ga ruith ann an com-pàirteachas leis an Stòrlann (faic gu h-ìseal). Bidh co-dhiù ceala-deug eile de dh'obair dhràma ann an sgoiltean Beurla (ann an co-bhonn leis an Urras Nàiseanta, tha sinn an dòchas).

2.5 Turas sgoiltean fad 6 seachdainean leis a' bhuidheann dràma Meanbh-Chuileag. (BnG)

Tha Meanbh-chuileag gu bhith ag obair gu dlùth leis an Stòrlann gus dealbh-cluiche 2012 a thoirt gu buill. Tha sinn gu bhith a' cleachdadh na sgeulachd traidiseanta *MacCodruim nan Ròn* bhon leabhar ùr *Mar a Chuala Mise e*, a chaidh fhoillseachadh o chionn beagan mhìosan. Rinn sinn dealbh-cluiche den sgeulachd seo o chionn faisg air deich bliadhna, agus bha e seo air fear den dealbhan-cluiche a bu shoirbheachail a rinn sinn a-riamh. Bidh a' chuairt a' tòiseachadh san fhaoilleach (tha sinn air na cleasaichean a chur air dòigh, agus tha a' cur nan atharrachaidhean mu dheireadh don sgriobt an-dràsta). A bharrachd air an dealbh-cluiche, bidh stuthan do thidsearan is sgoilearan gan deasachadh, stiùir air mar a bheirear sgeulachd traidiseanta gu dràma nam measg. Rinn mi taisbeanadh aig co-labhairt an Stòrlainn as t-Sultain air an dearbh chuspair.

2.5 A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)

Tha tòrr òbair dhràma fa-near dhuinn am-bliadhna, cuid mhath dheth a tha air tòiseachadh mar-thà. Tha bùthan-obrach air tòiseachadh ann an Uibhist agus anns an Eilean Sgitheanach, agus bidh sinn a' tòiseachadh ann an Leòdhas is na Hearadh agus Loch Abar is Earra Ghàidheal sa bhliadhna ùr.

Tha Club Dràma Loch Abar air tòiseachadh, le còignear a' gabhail pàirt. Tha sinn caran dubhach mu na h-àireamhan, oir thuirt tòrr a bharrachd gum biodh ùidh aca ann. Tha sinn a' coinneachadh feasgar Dihaoine, le clas a mhaireas uair agus fichead mionaid. Bidh sinn a' tòiseachadh ann am Malaig agus ann an sgìrean eile sa bhliadhna ùr.

2.5 A' cumail a' dol le sreath Fhèisean dràma (AC)
Bidh cuid de na h-iomairtean dràma a bhios a' dol air adhart ann am bun-sgoiltean a' gabhail a-staigh cothroman taisbeanaidh. Bidh seo a' tachairt le cinnt ann an Loch Abar/Earra Ghàidheal, agus tha sinn a' coimhead air a leithid a dhèanamh ann an sgìrean eile cuideachd (ged a tha a' mhòr-chuid de na bùthan-obrach againn am-bliadhna gan dealbhachadh airson cothrom a thoirt do dh'òigridh sgilean ionnsachadh gun uallach taisbeanaidh a bhith orra).

2.5 A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
Chaidh oidhche chrìochnachaidh SSD2011 a chumail ann an co-bhonn le MG ALBA anns an stiùidio aca ann an Slèite. Bha an oidhhe seo air leth soirbheachail, le deagh èisteachd, agus bha na goireasan air leth freagarrach airson a leithid de thachartas. Tha sinn an dòchas an com-pàirteachas seo a leasachadh agus a thoirt air adhart le SSD2012 cuideachd.

2.5 Sgoil Shamhraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 20 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
Bha 24 cleasaiche òg an làthair aig SSD2011 – àrdachadh de 50% air a' bhliadhna roimhe. Bha timcheall air 100 san èisteachd – àrdachadh de 185% air bliadhnaichean eile – a' dearbhadh gun d' rinn e diofar mhòr a' chuirm a' gluasad a-mach à Port Rìgh.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean
A bharrachd air SSD, tha grunn phròiseactan fa-near dhuinn am-bliadhna, mar a chaidh a mhìneacahdh gu h-àrd. A bharrachd air pròiseact Loch Abar, bidh pròiseactan eile a' tòiseachadh ann an caochladh de dhiofar sgìrean sa bhliadhna ùr.

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim
Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd tha sinn gu bhith an lùib phròiseactan ann am bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean air feadh Alba, a' mhòr-chuid dhiubh ceangailte ri teagasg dràma. Tha an com-pàirteachas a tha fa-near dhuinn leis an Stòrlann gu bhith glè fheumail a thaobh ceanglaichean a thogail le sgoiltean agus buidhnean eile. Tha mi an-dràsta ag obair ann am bun-sgoiltean ann an Loch Abar, Taobh Siar Rois agus Siorrachd Inbhir Nis nach eil idir a' teagasg na Gàidhlig. Tha gach sgoil a' faighinn sia bùthan-obrach cànain, agus tha tidsearan mar-thà air nochdadh gum bu mhath leotha tuilleadh fhaighinn. Tha iarrtas ann cuideachd airson a leithid ann an Earra Ghàidheal, agus tha mi air bruidhinn ris an oifigear leasachaidh Ghàidhlig ann am Peart is Ceann Rois mu sgèama a ruith san sgìre sin.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)
Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.

Chaidh pasgan-teagaisg le geamannan agus cur-seachadan a bharrachd ullachadh aig toiseach an Dàmhair a chleachd Sgioba G aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè ann an làithean-saora na sgoile.

Rinn mi bùthan-obrach dràma airson Fèis a' Bhaile aig Acadamaidh Allt na Muilne. Bha mi cuideachd an sàs ann a bhith lìbhreagadh seiseanan Sgioba G tron seachdain agus ag ullachadh stuthan-teagaisg airson luchd-stiùiridh Sgioba G eile.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Eden Court
As dèidh a bhith ag obrachadh còmhla air a' phròiseact dràma airson rèidio agus aig An Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2010/2011, thathar an dùil gum bi tuilleadh chothroman chompàirteachais rin gabhail anns a' bhliadhna sgoile 2011/2012 ma ghabhas Buidheann Dràma as deidh sgoile a thòiseachadh ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.
Chaidh ceisteachainn a chur gu àrd-sgoiltean ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain agus chaidh an tilleadh. Thathar an dùil clubaichean-dràma as dèidh sgoile a' stèidheachadh sa Bhliadhn' Ùr.

BBC Alba
Dh'obraich sinn còmhla ri sgioba riochdachaidh Aileag fhad 's a bha am pròiseact dràma airson rèidio a' dol air adhart ann an 2009/ 2010 agus a-rithist ann an 2010/2011 agus thathar a' cumail sùil air cothroman chompàirteachais eile le BBC Alba tron còrr den a' bhliadhna-sgoile a tha romhainn.

Comhairle na Gàidhealtachd

Tha comas aig Dolina Ghrannd, tha na h-Oifgear choimhearsnachdan Chomhairle na Gàidhealtachd do sgìre Inbhir Nis taic a thoirt do Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court leis na planaichean a th'againn ann a bhith a' stèidheachadh Club Dràma as deidh na sgoile airson sgoilearan Àrd-sgoile ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.

Storlann
Thathar a' cur riochd an àrd-ùrlar a chur air cuid de na sgeulachdan bhon leabhar chloinne aig Storlann 'Mar a chuala mis' e' agus ag ullachadh goireas no 'dileab' a bhios feumail do luchd-teagaisg agus sgoilearan.
Mar thoradh air a' chompàirteachais gheibhear taic bhuapa le cuairt nàiseanta Meanbh-chuileag a thathar an dùil a chumail sa bhliadhn' ùr agus goireasan luchd-teagaisg a thèid a dheasachadh fo stiùir Fèisean nan Gàidheal.

Trèanadh Luchd-obrach
Chaidh 'Creativity and Influence Training Seminar' air a lìbhreagadh leis 'The Management Centre' a chumail air 27 agus 28 Dàmhair.
Chaidh latha trèanaidh Gàidhlig a chumail air 26 Dàmhair le Gilleasbuig Fearghasdan.
Cha robh cothrom agam a bhith an làthair aig na làithean treànaidh air sgàth 's gun robh mi ag ullachadh airson cuairt Meanbh-chuileag a bha gabhail àite san ath cheala deug.

1.21 An Làrach-lìn agus TFC
Thug Heckie Cormack bho Pelican Design seiseanan trèanaidh seachad do luchd-obrach tron t-Samhainn gus comas a thoirt dhuinn an làrach-lìn ùr ùrachadh.
Obair leantainneach air duilleagan-lìn ùr a thaisbeanas pròiseactan drama FnG.

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.
Faic gu h-àrd

2.5 A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)
Faic gu h-ìseal

2.5 Meanbh-Chuileag (BnG)

- **Blood Rock**
  Air sgàth suidheachadh ris nach robh sinn an dùil chaidh dàil a chur air turas Meanbh-chuileag den dealbh-cluich 'Blood Rock', dealbh-cluich airson sgoilearan eadar P4 agus P7 a tha toirt sùil air eachdraidh Caisteal Dhùn Abhartaidh ann an Cinn Tìre agus cogadh siobhalta an t-seachdamh lìnn deug.
  Air sgàth 's gun robh 17 bun-sgoiltean Beurla ann an Eilean Arainn, Cinn Tìre agus sgìre Loch Fìne clàraichte agus air ullachadh a dhèanamh an dealbh-cluich fhaicinn, chaidh fios a chur thuca leis an naidheachd mun dàil agus roghain a thoirt dhaibh bùth-obrach de gheamannan Gàidhlig à dhèanamh na àite san eadar-ama. Ghabh a h-uile sgoil a bha clàraichte ris a' bhùth-obrach ach a-mhàin Bun-sgoil an t-Seasgain.
  Mhair gach bùth-obrach eadar uair a thìde gu leth agus dà uair.
  Thèid foirm-measaidh a chur gu gach sgoil a ghabh pàirt.
  Eadar an 8 agus 11 Samhainn, chaidh bùth-obrach de Gheamannan Gàidhlig a thoirt seachad ann an Cinn Tìre, agus sgìre Loch Fìne airson na sgoiltean a leanas:
  Glenbarr Primary, Rhunahaorine Primary, Clachan Primary, Gigha Primary, Drumlemble Primary, Carradale Primary, Dalintobar Primary, Southend Primary, Ardrishaig Primary agus Lochgilphead Primary.

Eadar 14 agus 17 Samhainn chaidh bùthan-obrach a thoirt seachad do na sgoiltean a leanas ann an Eilean Arainn: Lamlash Primary, Whiting Bay Primary, Brodick Primary, Pirnmill Primary, Corrie Primary agus Kilmory Primary.
Mhol luchd-teagaisg agus sgoilearan na bùthan-obrach.
Chruthaich na bùthan-obrach bun-stèidh mhath airson cuairt den dealbh-cluich nas fhaide air adhart.
Thèid planaichean a chur air dòigh cuairt den dealbh-cluich 'Blood Rock' a dhèanamh nas fhaide air adhart sa bhliadhna.
Chaidh bileagan-fiosrachaidh Feisean nan Gàidheal 'Gàidhlig – Cànan dhuinn uile' a' sgaoileadh aig Ionadan Turasachd agus Oifisean na Comhairle tron chuairt.

- **Dealbh-cluich Nollaig**
  Bidh dealbh-cluiche Nollaig aig Meanbh-chuileag cuideachd a thèid air chuairt eadar 12 agus 16 Dùbhlachd le seachdain deasachaidh a' gabhail àite air seachdain 28 Samhain.
- **MacCodruim nan Ròn**
  Gheibh an turas nàisteanta Meanbh-chuileag den dealbh-cluich MacCodruim nan Ròn taic-airgid bho Storlann agus thèid deasachadh a dhèanamh air a shon san Fhaoilleach agus an cuairt fhèin a chumail tron Ghearran agus a' Mhàirt. Thèid cleasaichean fhastadh air a shon.

2.5 A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)

Am bliadhna thòisich sgioba dràma Fèisean nan Gàidheal a' tabhann seirbheis dràma ùr do bhun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig ann an Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse agus Uibhist.
Thèid a'phròiseact a' lìbhrigeadh gu cunbhalach tron bhliadhna agus gheibh na sgoilearan a ghabhas pàirt eòlas air roghainn fharsaing de sgilean dràma tro shreath de bhùthan-obrach.
Thòisich mi a' lìbhreagadh bùthan-obrach anns an Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse aig toiseach na Sultaine far a bheil seachd sgoiltean le roinnean Gàidhlig a'gabhail pàirt agus 9 buidhnean an sàs.
Thèid an ceathramh seisean de bhùthan-obrach 'Sgilean Dràma' a' lìbhreagadh san Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse eadar 5 agus 8 Dùbhlachd.
Thathar an dùil 9 bùthan-obrach 'Sgilean Dràma' a chumail uile gu lèir. Thèid fios a chur gu sgoiltean ro làithean-saora na Nollaig gus cinn là airson na bùthan-obrach mu dheireadh a chur air dòigh.

2.5 Sgoil Shamhraidh Dràma 2012 – Obair Deasachaidh (BnG)

Tòisichidh obair-deasachaidh airson SSD2012 anns an Fhaoilleach 2012.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

- **Clubaichean Dràma as deidh sgoile**
  Tha Fèisean nan Gàidheal a' stèidheachadh clubaichean dràma as dèidh sgoile do dheugairean le Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.
  Chaidh ceisteachainn a sgaoileadh air na roinnean Gàidhlig aig Àrd-sgoil Loch Abar, Àrd-sgoil Phort Rìgh, Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Àrd-sgoil Ulapuil, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Acadamaidh Allt an Muilne, Acadamaidh Chuil Lodair agus Acadamaidh Bhaile Theàrlaich.
  Thathar an dùil club dràma stèidheachadh ann an Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain anns a' Bhliadhn' Ùr.
  Chaidh club dràma a' stèidheachadh mu thràth aig Àrd-sgoil Loch Abar le taic bho Dougie Beck.
  Tha Fèisean nan Gàidheal an dùil taic a thoirt seachad gus club a chur air bhonn a thèid a chumail gu cunbhallach tron bhliadhna.

- **An Sgoil Shamhraidh Dhràma**
  'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh deugairean.
  Thèid toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh airson an 5mh Sgoil Shamhraidh Dhràma anns a' Bhliadhn' Ùr.

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha mi an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Ard Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Mar as àbhaist thachair am prìomh tachartas aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè anns an Dàmhair.

Air Dihaoine 30 An t-Sultain, bha latha sònraichte aig Fèis a' Bhealaich ann an Bun-sgoile a' Chomraich. A' bharrachd air na sgoileirean air fad bho am bun-sgoil bha sgoilearan bho Loch Carrann agus Sìldeag an sàs anns an latha cuideachd. Bha bùthan-obrach ann fad an latha còmhla ri na luchd-teagaisg Fiona NicCoinnich agus Donal Brown.

Bidh Fèis Inbhir Narann a' tachairt air Disathairne 25 Gearran 2012, cha bhith am Fèis ach aon latha am bliadhna seo agus le sin bidh an comataidh a' ruith latha fosgailte mar 'Come and Try' airson duine sam bidh le ùidh ann an ceòl no Gàidhlig a' ionnsachadh.

Tha dùil aig Fèis an Iar Thuath a' ruith an darna deireadh-seachdain aca anns a' Ghearran agus bidh coinneamh agam còmhla riutha an ath-sheachdain ag ullachadh airson an Fhèis. Bidh an coinneamh bhliadhnail aca a tachairt air Dimàirt 29 Samhain.

Le iarrtais shoirbheachail gu an tuathanas gaoithe ionadail fhuair Fèis a' Chaolais faisg air £5000 airson measgachadh de tachartasan mar làithean dràma agus ealain, bùthan-obrach obair-còmhlan agus cuirm-ciùil san coimhearsnachd. Thachair a' chiad sheisean dràma is ealain air 5 Samhain agus bidh mi ag obair còmhla riutha anns na mìosan ri teachd airson tachartasan eile a chuir air dòigh.

Fhuair Fèis Chataibh taic-airgid bho tuathanas gaoithe Kilbraur airson am pròram bùthan-obrach aca. Bidh a' chiad bùth-obrach airson am bliadhna seo air Disathairne 26 Samhain. An dèidh an coinneamh bhliadhnail aca san t-Sultain, tha cathraiche ùr aca – Clive Grewcock agus bidh mi ag obair gu dlùth ri Clive agus an comataidh ùr anns na mìosan ri tighinn.

Bha an coinneamh bhliadhnail aig Fèis Farr ann o chionn goirid cuideachd agus bha mi fhèin agus Calum Ailig an làthair airson taic a thoirt dhibh, gu h-àraidh leis am poileasaidh Gaidhlig ùr mu dheidhinn luchd-teagaisg. Bidh duine ùr air a comataidh agus tha planaichean a tighinn air adhart airson an sreath ùr de bùthan-obrach aca eadar an t-Samhain agus Màirt.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Gu tric, bidh mi a' toirt taic dha na Fèisean anns an sgìre agam agus dha na feadhainn a tha an sàs anns na Cèilidhean air Chuairt. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an sgioba leasachaidh agus na luchd-obrach eile airson fiosrachaidh agus goireasan a' sgaoileadh.

Anns na mìosan ri teachd, bidh mi a' coinneachadh leis a h-uile Fèis san sgìre agam airson na formaichean-iarrtas aca a crìochnachadh agus airson na planaichean Gaidhlig aca a leasachadh.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil do Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil do Oifigear Leasachaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)

Tha mi a' leantainn le obair taiceil airson Fèis Spè agus anns na mìosan a chaidh seachad dh' obraich mi còmhla riutha airson iarrtais a cuir gu Alba Cruthachail airson an sgeama aca 'Creative Places'. Ma bhios seo soirbheachail, gheibh an Fhèis suas gu £150,000.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Eadar seo agus àm Nollaig bidh mi ag obair leis na Fèisean air fad, anns an sgìre agam, airson na planaichean Gaidhlig aca a' leasachadh. A bharrachd air sin bidh mi a ' dèanamh beagan obair a' cuideachadh luchd-teagaisg agus ballrachd - comataidh aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig. Tha dùil aig Fèis Inbhir Narann clas Gaidhlig ur a ' thòiseachadh airson duine sam bidh an sàs anns na Fèisean. Bidh mi ag obair còmhla ri Rhona MacDonald agus Cathy MacGillivray airson seo a thòiseachadh anns a' bliadhn' ùr.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Tha mi fhathast ag obair còmhla ri Anne gu dlùth gus an fhiosrachadh ceart a chruinneachadh do Leader.

Anns na mìosan a tha ri thighinn feumaidh mi obair a dhèanamh airson pasgan taic-airgid ùr fhaighinn airson am pròiseact Slighean Ùra seachad air 2012.

2.6 A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)

Bhon Fhaoilleach, bidh mi ag ullachadh airson na Cèilidhean air Chuairt ann an 2012 a toirt a-steach agallamhan, trèanadh agus margaideachd.

Aig deireadh an t-Sultain dh'obraich mi le Fèis Fhoirt airson iarrtas a' cur gu Alba Cruthachail airson Chuairt Cèilidh ùr ann an Sruighlea agus Na Tròiseachan. Bha am pròiseact dearbhaidh aca anns an Lùnastal agus an t-Sultain am bliadhna seo gu math soirbheachail agus tha mi cinnteach gum bidh sinn a' faighinn taic-airgid gu leòr airson am pròiseact a' leasachadh.

2.6 A' co-obrachadh le càch, DVD a chur ri chèile a' sealltainn mar a nìthear dannsaichean cèilidh, a bhios feumail do na Fèisean, Cuairtean Cèilidh is suidheachaidhean eile. (AC)

Mar a bha mi an dùil, rinn mi iarrtais airson an Trad Arts Small Grant Fund airson am pròiseact seo ach gu mì-fhortanach cha robh e soirbheachail. Tha ùidh agam fhathast anns a' phròiseact seo agus bidh mi a cur sùil air cothroman eile airson taic-airgid fhaighinn, is docha bho Alba Cruthachail.

3.6 A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair agus tro chothroman eile mar a nochdas iad. (AC)

Mar pàirt den Fhèis Bhlas bha trì Cèilidhean air Chuairt, Fèis Rois, Fèis Spè agus Earra-Ghàidheal a' cluich ann an teant Blas aig Cupa na Camanachd. Bha e math a' bhith ag obair ann an co-bhonn le Comunn na Camanachd agus bidh mi a' leantainn le obair còmhla riutha airson cothrom a' leasachadh airson Cupa na Camanachd an ath bhliadhna agus an Shinty/Hurling final ann an Ennis, Co. Clare. Tha mi dòchas gum bi cothrom aig 25 duine òga bho na Fèisean a dhol a Dh' Èirinn.

Aig toiseach am mìos chaidh mi gu Lunnainn còmhla ri da fhichead luchd-ciùil òga bho Fèis Rois airson Proms na Sgoile air an ruith leis am buidheann Music for Youth. B' e cothrom gu math sònraichte airson na compàirtichean a bh'ann agus bha iad uile nan deagh thosgairean airson na Fèisean agus Alba.

An dèidh consart leis an Ceilidh air Chuairt sa Monadh Ruadh aig an co-labhairt aig Highland Youth Voice am bliadhna seo fhuair iad cuireadh a-rithist am bliadhna seo . Gu mì-fhortanach cha robh duine gu leòr bhon an Ceilidh air Chuairt saor ach chaidh Amy Henderson, neach-teagaisg òg a bha anns an Ceilidh air Chuairt ann còmhla ri còmhlan bheag agus chaidh an oidhche glè mhath.

Bha compàirtichean bho Fèis Spè an sàs ann an tachartas eile ann am Pàirc Nàiseanta a Mhonaidh Ruaidh aig deireadh an Dàmhair. Chluich iad airson delegates aig Convention of the Highlands and Islands.

3.8 Leasachadh Blas – A' moladh na Gàidhealtachd

Chaidh mi gu iomadach tachartas aig Fèis Bhlas san t-Sultain, a toirt a-steach Cherish the Ladies aig Talla Àrd Gaoithe far an robh mi a' cuideachadh an comataidh agus Cupa na Camanachd far an robh na Cèilidhean air Chuairt a' cluiche. Chluich an Ceilidh air Chuairt Earra-Ghàidheal ann an Eden Court air an aon latha ron a' consart mu dheireadh den Fhèis.

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas mar riochdaire nam Fèisean.

Ainm	**Maria NicAonghais**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na naoi Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Thadhail mi air mòran dè na Fèisean

agam as dèidh Fèisean an t-samhraidh agus tha mi a' toirt taic dhaibh mar a bhios iomchaidh.

- Tha comataidh ùr aig Fèis Òigridh na Mara agus tha iad an dòchas gum bi tachartas aca anns a' Mhàrt 2012.
- Tha Fèis nan Garbh Chrìochan & Fèis Ghlaschu a' dol a chuir fiolm a-staigh gu Film G às dèidh clasaichean meadhanan a bhith aca, a tha air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.
- Tha Fèis Lochabair a' tòiseachadh ag ullachadh airson an Fhèis aca a bhios a' gabhail àite san Giblean 2012.
- Tha Fèis Lochabair ag ullachadh airson an Fhèis Teaghlach sa Ghearran 2012. Bidh an Fhèis a ruith air dà latha, fear ann am Baile Chaolais agus fear eile sa Ghearasdan.

Bha mi aig coinneamh den Bhuidheann Stiùiridh Fèisean Lochabair airson Fèis nan Deugairean a ghabh àite san Dàmhair 2011.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha mi tric a conaltradh ri na Fèisean agam tro puist-d agus am fòn, a' dol gu coinneamhan a bhios aca agus a' cuideachadh na Fèisean gu pearsanta, mar a chiad cheangal aca ri Fèisean nan Gàidheal.

Tha mi a' coinneachadh ri na Fèisean agam an-dràsta airson foirm-iarrtais Sgeama Tabhartasan a lìonadh còmhla riutha. Choinnich mi le na Fèisean ann an Loch Abar air an t-seachdain a' tòiseachadh 21 Samhain agus bi mi a' coinneachadh le na Fèisean ann an Glaschu air an t-seachdain a' tòiseachadh 5 Dùbhlachd.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi tric a cuir post-dealain chun na comataidhean agam, buidhnean ionadail a tha an sàs ann an obair na h-Ealain Gàidhlig agus na meadhanan le naidheachdan agus a' brosnachadh tachartasan. Bidh mi cuideachd a' cur stuthan air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla

Thàinig Fèisean Lochabair (Fèis Lochabair, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis Òigridh na Mara, Fèis Eige) còmhla airson Fèis nan Deugairean a chuir air dòigh, a ghabh àite ann an Àrd-Sgoil Loch Abar eadar 8 – 10 Dàmhair 2011. Bha an Fèis dìreach fosgailte dha deugairean ann an sgìre Loch Abar. Bha trì làithean soirbheachail aig na 15 com-pàirtichean a bha ga fhrithealadh 's bha fòcas air obair nam meadhanan agus obair-bhuidhne.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Tha mi air a bhith aig coinneamhan nan Sgìrean Iomairt agus Comunn nam Pàrant agus chuir mi air dòigh bòrd gan sanasachd aig tachartas Blas (Lochaber Gold), far an robh iad a' cur air adhart na Gàidhlig. Tha mi ag obair còmhla ri Oifigear Leasachaidh Iomairt Lochabair agus Oifigear Leasachaidh Tràth Bhliadhnaichean Bòrd na Gàidhlig airson tachartas a bhios againn ann an Loch Abar airson pàrantan agus clann a tha ag iarraidh Gàidhlig a thogail, tro Fèis Lochabair.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Tha mi a' coinneachadh le Fèisean an-dràsta gus planaichean Gàidhlig fa-leth a dhealbhadh do gach Fèis, a neartaicheas cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na tachartasan aca.

Tha mi air an cùrsa Sgilean Sgriobhaidh air loidhne aig Sabhal Mòr Ostaig a thòiseachadh. Bidh an cùrsa deiseil anns a Mhàrt 2012. Leasaichaidh seo mo chuid Ghàidhlig agus bheir e dhomh misneachd cuideachadh a thoirt dha na Fèisean le na Poileasaidhean Gàidhlig aca.

2.5 A' leasachadh Dràma Gàidhlig

Còmhla ri taic bho Dougie Beck, tha buidheann Dràma ann an Loch Abar air tighinn còmhla. Bidh iad a' coinneachadh gach cola-deug agus tha e fosgailte do dheugairean a tha fileanta neo ag ionnsachadh Gàidhlig bho Àrd-Sgoil Loch Abar. Tha sinn an dòchas fiathachadh a thoirt gu sgoilearan à clas 7 sa bhun-sgoil a thighinn chun na buidhne cuideachd, airson àireamhan a leasachadh. Cuideachd, tha Dougie an dòchas buidheann Dràma a thòiseachadh ann an Malaig aig toiseach 2012.

2.13 A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean

Ghabh Fèis nan Deugairean àite eadar 8 - 10 Dàmhair 2011 ann an Àrd-Sgoil Loch Abar, le 15 com-pàirtichean à sgìre Loch Abar a' gabhail pàirt san Fhèis. Bha an tachartas a ruith tharais air trì làithean agus bha goireasan siubhail air a chuir air dòigh airson sgoilearan à Atharrachail agus Malaig. Còmhla ri clasaichean ciùil traidiseanta, bha clasaichean 's na meadhanan ri fhaighinn, air a theagaisg le Vicki NicGilleathain, à Sgioba-G. Bha clasaichean air a ruith le sàr luchd-ciùil na Gàidhealtachd; Aonghas Binnie, Colla Dòmhnallach, Ingrid NicEanraig & Sìleas Nic-na-Ceàrdaich.

Ainm	**Jenna Mhoireasdan**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Bidh mi a' toirt taic do 10 Fèisean às an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan an Iar a-mhàin. Thairis air na trì mìosan a chaidh seachad tha mi air coinneachadh le na Fèisean airson foirm-iarrtas na h-ath-bhliadhna a chur an cèill agus feumlachdan ùra Fèisean nan Gàidheal a mhìneachadh gus plana Gàidhlig ùr ullachadh:-

- Choinnich mi le Fèis Taigh Dhonnchaidh air 19 Sultain
- Bha mi an làthair aig Coinneamh bhliadhnail Fèis Tir a' Mhurain air 9 Dàmhair
- Chaidh coinneamh eile a chumail le Fèis Taigh Dhonnchaidh air 10 Dàmhair agus bha mi an làthair
- Air 9 Samhain chaidh mi sios a Bharraigh airson coinneachadh leis a' chomataidh
- Choinnich mi le Fèis Tìr an Eòrna air 10 Samhain
- Chaidh coinneamh a chumail le Fèis Tir a' Mhurain air 10 Samhain agus bha mi an làthair
- Thachair mi le neach-rianachd Fèis an Earraich, Claire NicNeacail air 16 Samhain
- Bha mi an làthair aig Coinneamh bhliadhnail Fèis Thròndairnis air 17 Samhain
- Air 22 Samhain chaidh Coinneamh bhliadhnail Fèis Taigh Dhonnchaidh a chumail agus bha mi an làthair.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha mi ag obair gu dlùth na Fèisean gach seachdain le bhith a' freagairt puist-d agus a' bruidhinn riutha air am fòn, a sgaoileadh fiosrachadh as ùr, a' frithealadh coinneamh agus coinneamhan bhliadhnail mas urrainn dhomh, a' lorg cothroman maoineachaidh agus ag eadar-theangachadh stuth sam bith a tha iad a' cur thugam. Aig an àm seo den bhliadhna bidh mi a' feuchainn rin toirt orra foirmean-tagraidh a' chur a-staigh agus cìsean bhallrachd a phaigheadh.

1.4 A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' sireadh phoileasaidhean bho gach Fèis a tha a' toirt seachad iomradh air mar a tha gach fèis a' leantainn prìomh phoileasaidh na buidhne. Tha mi air leth-bhreacan dealanach agus cruaidh a sgaoileadh le bileag nan cois le ceistean bitheanta mun phoileasaidh. Tha mi a' toirt taic dhaibh aig a h-uile ìre gus poileasaidhean ùra ullachadh a tha fiosrachail agus fìor.

1.5 A' Cho-labhairt Bhliadhnail (AC)

Bha riochdairean às gach Fèis a leanas an làthair aig a' choinneamh bhliadhnail san t-Samhain; Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis an Earraich and Fèis Thròndairnis.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi a' leantainn orm le bhith a sgaoileadh fiosrachadh agus naidheachdan gu na Fèisean air fad air post-d neo anns a' phost. Bidh mi ag ullachadh co-dhiù aon naidheachd sgrìobhte airson Faileas agus tha mi air luchd-obrach na buidhne a chuideachadh le eadar-theangachaidhean neo ceartachaidhean.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile (CEA)

Tha mi a' cumail taic ri neach-rianachd Fèis Bharraigh gu cunbhalach. Tha Anne Marie air obair mhòr a dhèanamh gus fiosrachadh na Fèise a chlàradh ann an cruth dealanach a tha furasta thuigsinn agus a shireadh leis a' chomataidh gu èifeachdach.

1.15 Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail
Tha air pàirt a ghabhail anns na cothroman trèanaidh a leanas:-

- Latha Gaidhlig le Gilleasbuig air 26 Dàmhair, Inbhir Nis
- Trèanadh cruthachail le Fèis Rois air 27 Dàmhair, Inbhir Nis.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)
Bidh mi a' conaltradh le oifigearan iomairt na sgìre glè thric airson cothroman obrach a shireadh nar measg. Tha mi ag obair gu dlùth le Mairi Anna Chaimbeul a tha stèidhichte ann an Uibhist airson pròiseact a ruith anns an Fhaoilleach. Thèid a chumail thairis air 1 ½ latha ann an Uibhist agus bidh na cur-seachadan fosgailte do dheugairean na sgìre.

Mar phàirt de phròg ram Iomall a' Mhòid chur Calum Ailig agus mi fhìn air dòigh bùthan-obrach ealain ann an Steòrnabhagh thairis air dà latha. Bha na cur-seachadan fosgailte do chloinn eadar 5 & 14 bliadhna a dh' aois. Ged nach do nochd mòran air sgath droch thìde agus suidheachadh truagh anns a' bhaile fhèin, chòrd na cur-seachadan dhan fheadhainn a thàinig a-staigh.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)
Tha mi a' cuideachadh na Fèisean gus poileasaidh ùra a chruthachadh and tha sinn air na coinneamhan a chumail anns a' Ghàidhlig a-mhàin neo dà-chànanach.

2.3 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile gus fiosrachadh a sgaoileadh air cothroman a'Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, aig tachartasan agus air làrach-lìn na buidhne. (BnG)
Chaidh dà latha fiosrachaidh a chumail ann an Uibhist agus na Hearadh le Comunn na Gàidhlig agus chaidh iarraidh orm cuideachadh le cur-seachadan. Cha robh e comasach dhomh an latha ann an Uibhist a fhrithealadh marsin thabhann Ceiteag NicLeòid, Cathraiche Fèis Tìr a' Mhurain, a dhol ann mar riochdaire agus chur mi air dòigh ceòl beò le còmhlan Fèis Tìr a' Mhurain. Anns na Hearadh chur mi air dòigh bùth-obrach ealain far an d' fhuair an òigridh a bha an làthair cairtean neo dealbhan Nollaig a chruthachadh. Bha na làithean air leth soirbheachail le mòran gam frithealadh agus a' cur aithne air na buidhnean Gàidhlig a tha stèidhichte anns an h-Eileanan an Iar. Fhuair mi cothrom ar Iomairt Shanasachd a thaisbeanadh airson a' chiad uair.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)
Tha mi a' leantainn orm le bhith a' toirt seachad taic a thaobh Cuairt Chèilidh Fèis an Earraich agus a' conaltradh le Claire NicNeacail a thaobh obair-rianachd na pròiseact seo.

2.7 A' co-òrdanachadh co-dhiù sia pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an-asgaidh (InG).
Tha Fèis Bharraigh ann an co-bhonn ri Cobhair Bharraigh air airgead a shireadh bho Bòrd na Gàidhlig airson pròiseact tasglann a chur air bhonn air an eilean. Tha duilgheadas air a bhith aig Fèis Bharraigh a' sireadh compàirtichean. Ach, tha mi air fios a chur gu Sgoil Bhàgh a' Chaisteal agus tha iad deònach, ann am prionnsapal, pàirt a ghabhail anns a' chothrom seo. Tha mi dòchasach gum faigh sinn air a' phròiseact seo a thoirt air adhart ro dheireadh na bliadhna.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean.
Chuir Fèis Eilean an Fhraoich air dòigh oidhche shònraichte airson CD ùr Oidhche Chiadain a chur air bhog. Chaidh an oidhche a chumail mar phàirt de phròg ram Iomall a' Mhòid. Thàinig mòran airson taic a chumail ris a' chòmhlan òg seo agus bha measgachadh de cheòl agus orain air a thabhann bho luchd-ciùil and seinneadair ionadal agus ainmeil.

Thèid tachartas Geamhradh a chumail airson deugairean ann an Uibhist san Fhaoilleach 2012.

Ainm	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

An t- Sultuine Aig a Choinneamh Bhliadhnail an a Dùn Bhlathain
An Dàmhair Chuidich mi le buidheann a Èirinn a thàinig a dh' Ìle airson barrachd fhaighinn a mach mu Ghàidhlig
An t-Samhainn Chaidh mi gu Eilean Arainn airson coinneamh mu dheidhinn beachdan air Fèisean Còmhnaidh

1.1 A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne

A' toirt taic seachad gu Fèisean agam mu chuid obair-pàipear air sgàth 's gum bi e ceart agus a staigh ann an deagh ùine
Tha mi air na Fèisean agam a' chumail ceart mu dheidhinn tachartasan agus fiosrachadh ceangailte ris an obair aca. Mar eisimpleir bi mi a' toirt seachad fiosrachadh air; Disclosures, poileasaidhean ceangailte le clann agus naidheachdan mu leasachaidh na Gàidhlig

1.3 Tabhartasan taice do dh 'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

A' dèanamh cinnteach gu bheil na Fèisean agam ann an Earra-Ghàidheal a faighinn an cuid airgead ceart bhon Chomhairle aca. Tha mi ag obair còmhla ri Comhairle Siorrachd Àir a Tuath airson barrachd airgead a thoirt seachad do Fhèis Arainn

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh 'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh 'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh' innses mu seirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha mi ag obair le Fèis Arainn a cuir air dòigh Fèis Còmhnaidh. Fhuair mi taic-airgead bho Alba Chruthachail airson òrain Ghàidhlig a thoirt gu sgoiltean an eilein. Tha mi bruidhinn ri Fèis Mhuile mu barrachd drama a' thoirt dhan na bun-sgoiltean aca. Tha mi air a bhith ag obair le Bun-sgoil Shandbank airson Fèis a chuir air bhonn anns a' Ghearran - 2012. A cuideachadh Fèis Cholla le tachartas a chuir ri chèile tron fhèis a bhios a tachairt aig talla ùir na coimhearsnachd san Samhradh 2012. Ag còmhradh ri Fèis Latharna mu spòrs a muigh agus ag obair còmhla ri Fèis Ìle leis a phroiseict Bhàrdachd aca.

1.4 A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.

Tha mi an còmhnaidh a toirt misneachadh do na Fèisean agam ri dhol gu tachartasan trèanaidh aig Fèisean nan Gàidheal

1.4 A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.

Bi mi a' toirt taic do na Fèisean agam le na h-Uairean Bhliadhnail aca a lìonadh a-steach agus ann an deagh ùine

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Bi mi a' sgaoileadh fiosrachadh gu na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal air leth tro post-d agus fios-naidheachd agus tha mi an còmhnaidh a' cuir taic seachad airson Faileas adhartachadh 's an dòchas ri ionnsachadh ciamar a chuireas mi fiosrachadh air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis

Tha mi an-drasda a toirt taic do Fhèis Arainn, Dhùn Omhain agus Ìle airson airgead a lorg. Bi mi a' faighinn luchd teagasg airson na Fèisean agam

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Ann an Earra Ghaidheal tha mi ag obair còmhla ri Fèis Òigridh Ìle, CNAG agus ICCI air pròiseact nam Baird. Bha duilleag fiosrachaidh aca agus a-nis tha iad a dol air adhart leis an darna pàirt den phròiseict. Tha mi cuideachd ag obair còmhla ri Fèis Arainn.

1.17 Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba

Tha an Cuairt Cèilidh a' dol gu làidir le taic bho LEADER

1.20 An Làrach-lìn agus TFC

Bidh mi a' cumail fiosrachadh às ùra air duilleag-lìon Fèisean nan Gàidheal agus gu tric a' sgrìobhadh aithrisean airson Faileas.

2.1 Dèanamh Cinnteach gu bheil Gàidhlig na slàn pàirt de na Fèisean gu lèir, a leantainn poileasaidh Fèisean nan Gàidheal.

Tha Fèisean nan Gàidheal air stiùiridhean ùra a' thoirt seachad mun phoileasaidh Gàidhlig aca agus tha mi a' cur sin air dòigh dhan na Fèisean agam an-dràsta

2.2 A cumail a' dol le poileasaidh Fèisean nan Ghàidheal tro seirbhis ri fhaighinn tro luchd obrach agus pròiseactan sònraichte

Am-bliadhna tha na Fèisean air barrachd adhartas a' dheanamh gus tòrr mòr Gàidhlig a chur a measg na Fèisean aca. Tha Fèis Dhùn Omhain a' dèanamh cur-seachadan a muigh tro mheadhain na Gàidhlig agus tha Féis Thiriodh, Arainn agus Cholla air geamaichean Gàidhlig a chur a measg na Fèisean acasan.

2.3 Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG)

Bi na Fèisean a' faighinn luchd teagaisg aig a bheil Gàidhlig, agus leis a sinn tha tòrr a bharrachd Gàidhlig ga bhruidhinn aig na Fèisean a-nis

2.4 Cuir air dòigh fèisean Gàidhlig airson teaghlaichean gus Gàidhlig a dhèanamh nas làidire.

Tha pàirt den na Comhairlichean a lughdachadh an airgead a tha iad a toirt seachad agus leis a sin tha mi den bheachd gu bheil e cudromach brosnachadh a thoirt seachad dha na chomataidh agus do phàrantan. Tha mi air deugairean a lorg anns an Oban airson Sradagan a thòiseachadh a rithist.

2.6 Ann an compàirt ri Feisean, agus le maoin bh LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Ceilidh

Tha mi an dòchas gu dèan na deugairean a bha air a' Chuairt Cèilidh clàr as t-Earrach 2012

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Tha mi a' còmhradh ri Siorrachd Air a Tuath airson airgead fhaighinn airson Fèis Chòmhnaidh a dhèanamh ceithir tursan sa bhliadhna.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org